

WHY NOT SCOTLAND?

AM PLANA LEASAIN

Ceann-latha:

Bliadhna:

	Uair	Plana
Amas ionnsachaidh is toradh		Ro dheireadh an leasain an-diugh, bidh thu: • A' tuigsinn dè tha 'Ath-fhiadhachadh' a' ciallachadh • Air choimhead air cuid de dh'eisimpleirean de phròiseactan ath-fhiadhachaidh ann an Tìr-mòr na Roinn Eòrpa • Air beachdachadh air ciamar a dh'fhaodamaid dòigh-obrach coltach ris an seo: <i>Why Not Scotland?</i>
Ro-ràdh	10 mionaidean	Gnìomhachd airson àm a' Ghlaig: mar a thig sgoilearan a-staigh, cuir a' cheist 'Smaoinich air àite fiadhain as aithne dhut gu math: dè tha ga fhàgail fiadhain?' air a' bhòrd. Bidh sgoilearan a' smaoineachadh/a' dol còmhla/a' roinn, a' sgrìobhadh nam beachdan aca air nota post-it is ga chur air a' bhòrd. Fhad 's a thathar a' libhrigeadh 'post-its', faodaidh sgoilearan cuideachd smaoineachadh air an iar-cheist: 'A bheil nàdar a' gabhail cùram dheth fhèin sna h-àitichean air an robh thu a' smaoineachadh?' Bidh an tidsear a' stiùireadh deasbad fios air ais agus a' toirt a-staigh am beachd air ath-fhiadhachadh tron trèilear airson an fhilm Why Not Scotland? Why Not Scotland? Rewilding Nation SCOTLAND: The Big Picture (scotlandbigpicture.com).
Gnìomhachd a h-Aon (Ullachadh pòstair is taisbeanaidh)	A rèir na tìde a tha ann	Thoir beagan fios air ais bhon chlas air mar a tha iad a' faireachdainn an dèidh dhaibh coimhead air an trèilear. A bheil na h-aon draghan is faireachdainnean iomagain mun àrainneachd aca ri Flo?



Rewilding Nation

Nàisean Ath-fhiadhachaidh Ùr

		Mìnich gu bheil an clas a' dol a dh'obair ann am buidhnean beaga gus rannsachadh a dhèanamh, coltach ri Flo, air raon de phròiseactan ath-fhiadhachaidh soirbheachail ann an Tìr-mòr na Roinn Eòrpa. A rèir nàdar a' chlas, faodaidh gun cuir an tidsear na sgoilearan ann am buidhnean no leigeil leotha obair còmhla ri caraidean. Suidhich pròiseact ath-fhiadhachaidh shònraichte bho thìr-mòr na Roinn Eòrpa air gach buidheann gus rannsachadh a dhèanamh air. Tha 9 pròiseactan ann agus faodar an sònrachadh air thuaiream no faodaidh sgoilearan àite a thaghadh sa bheil ùidh aca: • Àrd-tìrean Ibèirianach (An Spàinn) • Beanntan Rhodope (Bulgaria) • Gleann Coa Mòr (Portagail) • Carpathians a Deas (Romania) • Apennines Meadhanach (An Eadailt) • Laplann na Suaine (An t-Suain) • Beanntan Velebit (Croatia) • Danube Delta (Ucràin/Moldova/Romania) • Oder Delta (A' Ghearmailt/Pòlainn) Nota: Chaidh na Pròiseactan Ath-fhiadhachaidh a th' air am mìneachadh gu h-àrd a thoirt bhon làrach-lìn Ath-fhiadhachadh na Roinn Eòrpa, gus am faodar na sgoilearan a tha a' faighinn tàire fiosrachadh a lorg a stiùireadh an seo: Rewilding landscapes Rewilding Europe Nota: Ma tha sgoilearan a' faighinn tàire a dhol an sàs san t-susbaint, dh'fhaodadh tu iarraidh orra coimhead airson firinnean iongantach is stadaistigean anns gach pròiseact. Feumaidh sgoilearan postair a dhèanamh le prìomh fhiosrachaidh mun phròiseact Ath-fhiadhachaidh a chaidh a shuidheachadh orra agus feumaidh iad a bhith deiseil gus am postair a thaisbeanadh dhan chlas aig deireadh an leasain. Feumaidh am postair is taisbeanadh aca na prìomh cheistean a leanas a fhreagairt:
--	--	--



Rewilding Nation
Nàisean Ath-fhiadhachaidh Ùr



		• Dè tha am pròiseact Ath-fhiadhachaidh agad a' dèanamh diofraichte bho na bha a' tachairt mus deach a chur an gnìomh? • Ciamar a tha am pròiseact Ath-fhiadhachaidh a' toirt comas do dh'fhiadh-bheatha a dhol am feabhas? • Ciamar a tha am pròiseact Ath-fhiadhachaidh agad a' toirt buannachd don chinne-daonna cho math ris an t-saoghal nàdarra? • Ciamar a nì am pròiseact Ath-fhiadhachaidh agad deagh bhuaidh san àm ri teachd? Thoir brosnachadh do sgoilearan as lugha de theacsa a chur air na postairean aca 's a ghabhas, is a dhèanamh cinnteach gu bheil e stèidhichte air ìomhaighean.
Gnìomhachd a Dhà	A rèir na tìde a tha ann	Bidh na buidhnean a' dèanamh taisbeanadh air na postairean aca, a' dol air 'chuart' de na pròiseactan Ath-fhiadhachaidh. Bu chòir dhan tidsear a dhèanamh cinnteach gun deach na slatan-tomhais soirbheachais a choileanadh 's gun gabh na prìomh cheistean air fad a fhreagairt. Dh'fhaodadh sgoilearan bhòtadh airson a' phòstair/taisbeanadh as fheàrr.
Gnìomhachd roghainneil A	Ma leigeas an tìde no ann an leasan leantainneach	Deasbad clas: An smaoinich thu air pròiseactan mar seo a' tachairt ann an Alba? Mura smaoinich, carson biodh iad a' tachairt? Bidh an tidsear aig ceann an deasbaid. Tha na h-eisimpleirean air am faodar tarraing, ma dh'fheumar, a' gabhail a-steach: • Obar Itheachan • Oighreachd Rottal • Gleann Afraig Tha Caidreachas Ath-fhiadhachaidh na h-Alba air Cairt Nàisean Ath-fhiadhachaidh a dhèanamh, a' mìneachadh 4 prionnsabalan airson ath-fhiadhachadh a bhiodh na chuideachadh do phròiseactan ath-fhiadhachaidh mar seo a bhith a' tachairt ann an Alba. Tha an earrann FAQ air an làrach-lìn a' toirt cùl-fhiosrachadh a bharrachd is fòrmat airson Q&A.



Gnìomhachd roghainneil B (Fòcas air PSE)	Ma leigeas an tìde no ann an leasan leantainne ach	An dèidh coimhead air a' Chairt Nàisean Ath-fhiadhachaidh (faic Gnìomhachd roghainneil A, gu h-àrd) bu chòir do sgoilearan obrachadh ann am buidhnean beaga gus daoine a bhrosnachadh a bhruidhinn mun chairt. Bu chòir do sgoilearan taisbeanadh a dhèanamh den tachartas aca sa bheil am mion-fhiosrachadh a leanas: • Tar-shealladh air an tachartas • Àite an tachartais • Luchd-amais • Mar a tha iad am beachd an tachartas aca a shanasachadh • Dè a dh'fhàgas an tachartas aca inntinneach is glacmhor (USP) Dh'fhaodadh an tidsear a bhith mar bhreitheamh is am plana tachartais bhuannachaidh a thaghadh.
Gnìomhachd roghainneil C (Fòcas air Gnìomhachas/Cruinn-eòlas)	Ma leigeas an tìde no ann an leasan leantainne ach	An dèidh coimhead air a' Chairt Nàisean Ath-fhiadhachaidh (faic Gnìomhachd roghainneil A, gu h-àrd) bu chòir do sgoilearan obrachadh ann am buidhnean beagan gus plana gnìomhachas a leasachadh a bhios a' brosnachadh uachdaran am fearann ath-fhiadhachadh. Bu chòir do sgoilearan taisbeanadh a dhèanamh den phlana ghnìomhachais aca sa bheil am mion-fhiosrachadh a leanas: • Ainm a' ghnìomhachais a tha san amharc • Branndachadh a' ghnìomhachais (suaicheantas, iarr-shreath-chinn msaa) • Geàrr-chunntas a' ghnìomhachais • Amasan a' ghnìomhachais • Mion-rannsachadh SWOT (Nartan, Laigsean, Cothroman, Bagairtean) Dh'fhaodadh an tidsear a bhith mar bhreitheamh is am plana gnìomhachais bhuannachaidh a thaghadh.



Rewilding Nation
Nàisean Ath-fhiadhachaidh Ùr

Deasbad làn-choinneimh	5 mionaidean	Bidh an tidsear a' toirt a-staigh a' Chairt Nàisean Ath-fhiadhachaidh tro shleamhnag am PowerPoint agus / no an <u>ceangal</u>. Faodar lethbhreacan pàipeir a sgaoileadh an seo gus am faod sgoilearan an toirt air falbh.
Stòrasan		Proiseactar is sgrìn gus am PowerPoint a shealltainn. Duilleagan mòra pàipeir is pinn-comharraidh airson na gnìomhachd phostairean. Cothrom air IT airson adhbharan rannsachaidh. Lethbhreacan pàipeir den chairt mura h-eil ceangail IT ri fhaighinn (luchdaidh a-nuas am pdf seo no cleachd an tionndadh grafaigean ìosail no Gàidhlig an seo). Duilleag-làimhe 10 fìrinnean fiadhain.